Higher Gaelic (Learners) - Talking - Music I like

Anne talks about her musical taste.

Inns dhomh mu dheidhinn an t-seòrsa ciùil as fheàrr leat.

Bidh mi ag èisteachd ri ceòl tric, ach feumaidh mi ràdh nach eil aon seòrsa a' còrdadh rium gu sònraichte. Is toigh leam a h-uile seòrsa! Tha ceòl pop a' còrdadh rium ach tha tòrr rudan eile cuideachd. 'S toigh leam ceòl traidiseanta na h-Alba cuideachd.

Dè na seinneadairean no còmhlain a tha a' còrdadh riut agus carson?

Tha seinneadairean leithid Taylor Swift agus Katy Perry a' còrdadh rium. Tha na h-òrain aca beothail agus tarraingeach agus tha a' bhrìgh agus na faclan math. Bidh mi cuideachd ag èisteachd ri seann chòmhlain mar na Beatles no The Who. Tha na h-òrain aca gu math ainmeil. Bha mi a-riamh measail air òrain mar seo leis gum biodh mo mhàthair ag èisteachd riutha tric.

An deach thu a-riamh a dh'fhaicinn còmhlan a' cluich beò?

Chunnaic mi còmhlan turas ann an talla a' bhaile a bhios a' cluich ceòl traidiseanta le blas roc. Bha iad sgoinneil! Bha an talla làn le daoine a' dannsa agus a' seinn. Bha oidhche fìor mhath ann, ged a bha agam ri dhol dhachaigh tràth. Chòrdadh e rium a dhol gu cuirm mhòr, 's dòcha aig Pàirc Hampden no anns an SECC. Chuala mi gum bi an còmhlan as fheàrr leam a' dèanamh turas ann an Alba. Chòrdadh e rium iadsan fhaicinn beò air an àrd-ùrlar.

Dè do bheachd air fèisean ciùil? Am biodh thu ag iarraidh a dhol gu tè sam bith dhiubh sin?

© Copyright 2015

An-uiridh, chaidh mi gu fèis ciùil faisg air Inbhir Nis còmhla ris an teaghlach agam. Chòrd e rium math dha-rìribh! Dh'fhuirich sinn ann an teanta san àite-campachaidh aca. Bha sin glè mhath oir bha an t-sìde snog, ach cha bhiodh e ro mhath nam biodh an t-uisge ann!

A bharrachd air a bhith ag èisteachd ri ceòl, a bheil thu air feuchainn ri ceòl a chluich?

Tha mi a' feuchainn air an fhidhill ach chan eil mi idir math air. Chan eil duine san teaghlach againn ceòlmhor. Nì mi beagan seinn, ach chan eil mi ag iarraidh gun cluinn duine eile mi! Tha e nas fheàrr dhòmhsa dìreach a bhith ag èisteachd ri daoine a tha math!

© Copyright 2015